



FIOS GU NA MEADHANAN

SIANAL ÙR AIRSON NA H-ALBA

Airson sgaoileadh sa bhad – 15 Sultain 2008

Tha **BBC ALBA** – an sianal telebhisein ùr Gàidhlig – air am pasgan de phrògraman a thèid a chraoladh air a’ chiad oidhche den t-sianal, air **Dihaoine 19 Sultain aig 9f**, fhoillseachadh an-diugh.

Thèid an sianal beò le tionndadh ùr den òran ainmeil le **Runrig, Alba**, air a chlàradh as ùire gu sònraichte airson an tachartais le daoine ainmeil mar **Karen Matheson** à **Capercaillie**, **Tony Kearney** à **River City** agus seinneadairean traidiseanta **Art MacCormaig** agus **Cathaidh-Anna Nic a’ Phi**. The clann-sgoile Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu cuideachd sa bhideo.

Bidh toiseach an t-sianail ga chomharrachadh le tachartas craolte beò – cuirm-ciùil shònraichte bhon Eilean Sgitheanach le **Màiri Anna NicUalraig, Julie Fowlis, Skippinish** agus luchd-ciùil eile – agus le tachartas mòr ann an Dùn Èideann.

As dèidh seo chìthear dràma ùr **Eilbheas**, suidhichte ann an Leòdhas sna 1970-an agus le **Greg Hemphill** ann mar Elvis, agus prògram a tha a’ measgachadh dràma is aithris, **Peter Manuel – Deireadh an Uilc?**

Bidh BBC ALBA – co-bhanntachd eadar MG ALBA agus am BBC – a’ craoladh prògraman sònraichte aig àrd ìre ’s air an dèanamh ann an Alba.

- Bidh an sianal air an adhair airson suas gu seachd uairean gach latha, ’s bidh e a’ craoladh:
 - Prògraman aithris
 - Spòrs
 - Ceòl is cur-seachad
 - Naidheachdan gach latha
- Gheibh prògraman ainmeil mar *Eòrpa*, *Dè a-nis?* agus prògraman chloinne Cbeebies dachaigh ùr air BBC ALBA, agus bidh iad a’ leantainn air BBC2 cuideachd.

Thuir Alan Esslemont, Ceannard Phrògraman MG ALBA, an-diugh:

“Tha dùil is misneachd againn gun còrd na prògraman seo ris an luchd-amhairc, gum bi an clàr-phrògraman mar a bhathas a’ sùileachadh leis na Gaidheil a tha air a bhith a’ feitheamh cho fada airson na clach-mìle seo ann an craoladh, agus gun tarraing an sianal luchd-amhairc ùra air feadh na h-Alba.”

Thuir Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis BBC ALBA:

“Tha toiseach BBC ALBA ri chomharrachadh mar latha sònraichte san t-saoghal chraolaidh agus leis a’ choimhearsnachd Ghàidhlig, agus tha sinn an dòchas gum bi e na ghoireas luachmhor airson luchd-amhairc ann an Alba air fad.”

Chithear gach latha air BBC ALBA **Fiona NicChoinnich**, à Leòdhas, a bhios na preasantair sianail, neach-aithris na h-aimsir **Kirsteen NicDhòmhnaill**, à Inbhir Nis, agus neach-aithris spòrs **Evelyn Coull**, à Leòdhas.

Am measg nam prògraman a chithear air BBC ALBA sna seachdainean a tha romhainn bidh:

Cuide ri Cathy (MNE) – 21 x 30 mion

Sreath ùr le Cathaidh NicDhòmhnaill, a’ cur seachad latha còmhla ri Albannaich ainmeil cliùiteach, mar Phrìomh Mhinistear **Alex Salmond**, golfair **Colin MacGumaraid** agus sgrìobhadair **Irvine Welsh**.

Turas Trump (Midas)

Cò th’ ann an Dòmhnall Trump ann an dà-rìreabh, agus dè an ceangal a th’ aige ri Alba?

Zinedine Zidane (MacTV)

Aithris sònraichte air beatha a’ chluicheadair Fhrangaich ainmeil, agus sùil air a’ gheama mu dheireadh aige ann an cupan na cruinne.

Ola (BBC Gaidhlig)

A’ toirt sùil air na daoine a tha an sàs ann an obair na h-ola, air tìr, air muir is air astar nas fhaide.

Bidh fo-thiotalan sa Bheurla air prògraman-aithris Albannach is eadar-nàiseanta. Bidh ball-coise SPL agus SFL, rugbaidh Albannach agus camanachd am measg nan spòrsan a bhios rim faicinn air BBC ALBA.

Tha duilleag “Ceistean Cumanta” an cois an t-sanas naidheachd seo.



Air Sky 168 agus Freesat 110 a' tòiseachadh air 19mh Sultain 2008

Ceistean cumanta

Ceist: Dè th' ann am BBC ALBA?

Is e BBC ALBA an sianal ùr telebhisean airson phrògraman Gàidhlig – co-bhanntachd eadar MG ALBA agus am BBC.

Ceist: Ciamar a gheibh mi an sianal?

Air saideil: Air SKY sianal 168 agus air Freesat sianal 110

Càball: Virgin Media agus companaidhean-lìbhrigidh càball eile. Bidh an sianal air càbal an ceann ùine agus thèid an fhiosrachadh seo ùrachadh nuair a thèid ceann là tòisichidh agus àireamh sianal a thoirt seachad.

Freeview: Cha bhi an sianal air Freeview ro 2010. Tha Urras a' BhBC a' dèanamh measadh ro neo ann an 2010.

Siostaman didseatach eile: Ma tha thu a' faighinn telebhisean didseatach tro meadhan sam bith eile, cuir fios gu buidhinn lìbhrigidh na seirbhis agad ma tha ceistean agaibh air mar a gheibh thu BBC ALBA

Tionndaidh gu Didseatach: Airson comhairle agus fiosrachadh mun tionndaidh gu didseatach, cuir fios gu Digital UK le bhith a' coimhead air www.digitaluk.co.uk neo a toirt fòn gu 0845 6505050

Taic a' bharrachd: Till gu www.mgalba.com airson fiosrachadh mun t-sianal neo cuir fòn gu 01851 705550

Ceist: Cuin tha BBC ALBA a' tòiseachadh?

Dihaoine 19 Sultain aig 9f.

Ceist: Cuin a bhios na prògraman gan craoladh, agus dè seòrsa phrògraman a bhios ann?

Air a' chiad oidhche (19mh Sultain) bho 9f bidh cuirm ciùil ga craoladh beò bhon Eilean Sgitheanach, agus as dèidh sinn chithear drama ùr, *Eilbheas*, suidhichte sna 1970-an ann an Leòdhas agus le Greg Hemphill na phrìomh character, agus prògram dràma/aithriseil, *Peter Manuel – Deireadh an Ùilc?* le Anndra Clark.

Bidh BBC ALBA air an adhair a h-uile latha bho 5f gu anmoch air an oidhche. Chi thu

- spòrs de dh'iomadh seòrsa
- naidheachdan
- prògraman chloinne
- aithris is cur-seachad airson sean is òg

Bidh tòrr ann a chòrdas ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus ri daoine aig a bheil ùidh ann an ceòl, cànan is cultar.

Bidh spors a' toiseachadh air a chiad dheireadh sheachdain (Disathuirne 20mh) agus naidheachdan air chiad Diluain (22mh Sultain).

Gheibhear barrachd fiosrachadh mu phrògraman agus clàran BBC ALBA aig www.mgalba.com neo www.bbc Alba.co.uk

Ceist. Càit am bi an sianal stèidhichte agus cia mheud obair a bhios ann?

Tha e na bhuannachd mhòr dhan choimhearsnachd gum bi obraichean co-cheangailte ris an t-sianal air feadh Alba. Bidh an clàr prògram agus na meadhanan didseatach gan deasachadh ann an Steòrnabhagh, bidh na naidheachdan a' tighinn bho Inbhir Nis, agus thèid na prògraman a chur air an adhair bho Ghlaschu.

Thèid a mhòr chuid de na prògraman airson BBC ALBA a dhèanamh le companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach air feadh na dùthcha.

Eadar MG ALBA, am BBC agus na riochdairean tha eadar 80 agus 100 neach ag obair làn ùine, a chuid is motha dhuibh air taobh riochdachaidh.

Ceist: Dè chosgais e an sianal fhaicinn?

Thèid BBC ALBA a chraoladh an asgaidh. Mar sin, ma tha sibh a' faighinn telebhisean didseatach tro shaideil mar-thà cha leig thu leas an còrr a phàigheadh airson an sianal ùr fhaicinn.

Mur eil telebhisean didseatach agad mar-thà, feumaidh tu uidheamachd ùr fhaighinn mus faic thu BBC ALBA. Bidh prìsean ceangal is uidheamachd eadar-dhealaichte airson diofar siostaman, agus bu chòir dhut comhairle a shireadh bho bhùthan telebhisein san sgìre agad fhèin.

Airson comhairle is fiosrachadh mu ùrachadh uidheamachd telebhisein agus mun tionndadh gu didseatach, cuir fios gu Digital UK air www.digitaluk.co.uk.

Ceist: Cò tha a' ruith na seirbheis?

Tha MG ALBA agus am BBC a' lìbhrigeadh BBC ALBA ann an co-bhanntachd. Tha MG ALBA maoinichte le Riaghaltas na h-Alba agus air a riaghladh le Ofcom. Thèid an sianal a' chraoladh fo chead-craolaidh a' BhBC agus thèid a riaghladh le Urras a' BhBC.

Ceist: Cò na daoine a tha an sàs ann?

Tha Alan Esslemont (MG ALBA) na Cheannard Phrògraman, 's tha Mairead Màiri Mhoireach (BBC) na Ceannard Seirbheis. Tha an dithis aca a' freagairt gu Bòrd ALBA, am bòrd a chaidh a stèidheachadh eadar an dà bhuidhinn gus BBC ALBA a lìbhrigeadh. Gheibhear barrachd fiosrachadh mun cho-bhanntachd aig www.mgalba.com.

Ceist. Ciamar a tha an sianal ga mhaoineachadh?

Is e £14m am buidseat airson 2008/09 – £10m bho MG ALBA agus £4m bhon BhBC. Tha MG ALBA maoinichte le Riaghaltas na h-Alba agus air a riaghladh le Ofcom.

Ceist: C'ait am faigh mi barrachd fiosrachadh?

Gheibhear barrachd fiosrachadh mu phrògraman agus clàran BBC ALBA aig www.mgalba.com neo www.bbc Alba.co.uk